

# Moilidh Chalma

Dealbh-chluich stèidthe air sgeulachd à Alba

## *Caractaran*

Màthair

Sìne

Cairistìona

Moilidh

Bodach/ Sgeulaiche

Beathaichean

Biastagan

Na h-Eòin

Rìgh

Banrigh

Ailean

Raghnall

Dòmhnull



## SEALLADH 1 – TAIGH MOILIDH

### *Sgeulaiche*

Bha siud ann reimhidh triùir pheathraichean air an robh Sìne, Cairistìona is Moilidh. Cha robh athair nam peathraichean beò agus cha robh mòran airgid aig am màthair.

### *Màthair*

Tha mi duilich, a chlann-nighean, ach chan eil biadh air fhàgail san taigh, ach a-mhàin trì bonaich.

## Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

**Sìne**

(a' coimhead ri casan)

**Cairistìona**

(a' tòiseachadh ri gul)

**Moilidh**

(Tha MOLIDH a' dèanamh drèin riutha agus an uair sin  
a' dèanamh gàire ri MÀTHAIR )

Chan eil ach aon rud ri dhèanamh. Feumaidh sinn a dhol a  
dh'iarraidh an fhortain. Mi fhìn, is Sìne is Cairistìona.

**Sìne**

Sinne? A dh'iarraidh...

**Cairistìona**

an fhortain?

**Sgeulaiche**

Cha robh Sìne cleachdte ri bhith a' dèanamh mòran idir 's bha  
Cairistìona fiù 's na bu leisge na Sìne. Nam faigheadh i às leis,  
dh'fhanadh i san leabaidh fad an latha fhad 's a bheireadh a  
màthair biadh is deochan suas thuice.

**Moilidh**

Seadh. 'S e clann-nighean thapaidh, thapaidh a th' annainn, nach  
e? Feumaidh sinn cuideachadh a thoirt dar màthair.

**Màthair**

Ò, a Mhoilidh. Mo bheannachd ort.

**Sgeulaiche**

Cha robh Sìne is Cairistìona air an dòigh idir, ach nuair a  
chunnaic iad cho toilichte 's a bha am màthair, cha b' urrainn  
dhaibh diùltadh falbh còmhla rim piuthar.

# Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>



<b>Sìne</b>	<b>'s Cairistiona</b>	( <i>A' tòirt droch shùil air MOILIDH, tha iad a' cur orra an còtaichean agus am brògan agus a' lorg poca anns a bheil iad a' cur biadh airson an turais.</i> )
<b>Màthair</b>		Thoiribh leibh na bonnaich. ( <i>a' fosgladh a' phreas agus a' toirt nam bonnach a-mach</i> )
<b>Sìne</b>		Tha aonan dhiubh nach eil ach beag.
<b>Cairistiona</b>		Glè bheag.
<b>Màthair</b>		Tha sin fior. Ach ge brith cò an tè a ghabhas am bonnach beag, bheir mi dhi mo bheannachd cuideachd.
<b>Moilidh</b>		( <i>gu sunndach</i> ) Gabhaidh mise am bonnach beag. Oir b' fheàrr leam beannachd mo mhàthar uair sam bith seach barrachd bìdh.
<b>Màthair</b>		( <i>a' toirt pòg do MHOILIDH</i> ) Mo bheannachd ort, a Mhoilidh. Chan eil fhios a'm dè dhèanainn às d' aonais.
<b>Sìne</b>		( <i>gu fanaideach ri CAIRISTIONA</i> ) Chan eil fhios a'm dè dhèanainn às d' aonais.
<b>Cairistiona</b>		Tud. Cha chùm beannachd an t-acras bhuaipe. Óinseach.
		( <i>a' tionndadh ri MOILIDH</i> )
		Thugainn, a Mhoilidh. Ma dh'fheumas sinn falbh, 's fheàrr dhuinn falbh mus fhàs i dorcha.

## Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

---

## SEALLADH 2 – AIR AN RATHAD

### **Sgeulaiche**

(*Chithear NA PEATHRAICHEAN a' coiseachd air ais 's air adhart air an àrd-ùrlar.*)

Thog iad orra às an taigh agus lean iad frith-rathad beag a bha a' dol suas do na beanntan. Fad an rathaid bha Moilidh a' seinn no a' feadalaich agus a' cumail còmhradh ri peathraighean. Cha robh mòran aig na peathraighean ri ràdh, ach a-mhàin gun robh an casan gan goirteachadh no gun robh iad a' fas sgìth.

### **Sìne**

B' fheàrr leam nach robh sinn air an taigh fhàgail idir. 'S e plana gòrach a tha seo.

### **Cairistiona**

'S e. Bha sinn air airgead a chosnadh dòigh air choreigin.

### **Sìne**

Tha thu ceart, a Chairistiona. Dh'fhaodadh ar màthair a bhith air nigheadaireachd a dhèanamh do dhaoine eile, no air a dhol a chòcaireachd dhaibh.

### **Cairistiona**

Dh'fhaodadh. 'S truagh nach tuirt thu sin mus do dh'fhàg sinn an taigh, a Shìne.

### **Moilidh**

(*a' fas fiadhaich ach gun a bhith a' leigeil oirre*)

Cò aig a tha fios, 's dòcha gun coinnich sibh ri dithis fhear-uasal beairteach a phòsas sibh.

### **Sìne**

Ò.

### **Cairistiona**

Ah.

---

## Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

## **Moilidh**

Seadh.

### **Sìne**

(*gu gearaineach*) Ach bidh na dreasaichean agus na brògan againn air am milleadh le dust an rathaid mhòir. Cò an duine-usal a phòsas tè air a bheil coltas mar sin?

### **Cairistiona**

Tha thu ceart, a Shìne. Ò, 's e plana gu math gòrach a tha seo.  
(*a' slaodadh SÌNE gu aon taobh gus nach cluinn MOILIDH iad*)

(*gu socair*) Tha Moilidh cho sunndach fad na h-ùine. Dè nan taghadh na fir-usal ise airson a pòsadh?

### **Sìne**

(*a' fas feargach*) Smaoinich! Peasan beag! A' goid nam fear againne mar sin. Bu choir nàire a bhith oirre!

### **Cairistiona**

Nach biodh e na b' fheàrr mura biodh i còmhla rinn idir?

(*Tha iad a' cumail orra a' coiseachd, ach às dèidh dhaibh coiseachd seachad air clach mhòr ri taobh an rathaid, tha SÌNE 's CAIRISTÒNA a' leum air MOILIDH agus an uair sin ga ceangal ris a' chloich le ròpa.*)

### **Cairistiona**

Bidh sinn nas luaithe às d' aonais, a Mhoilidh. Ach tillidh sinn gad iarraidh. Cha tèid thu air chall leis mar a tha thu a-nis air do cheangal ris a' chloich.

### **Sìne**

Cha tèid. Nach e peathraighean gaolach a th' annainn, 's sinn a' coimhead às do dhèidh fad na h-ùine?

(*Tha CAIRISTÒNA 's SÌNE a' togail orra suas an rathad.*)

## **Mar a chuala mise e**

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

**Moilidh**

(*Tha MOILIDH a' crathadh a cinn.*)

(*a' bruidhinn rithe fhèin*) Tillidh sibh gam iaraidh, an till?

Saoilidh mi gum bi mi a' feitheamh greis mus tachair sin.

**Sgeulaiche**

Cha robh an còrr ann a dhèanadh Moilidh agus mar sin shuidh i far an robh i.

(*feadalaich ri chluinntinn agus seann BHODACH a' nochdadh le aodach robach is aodann salach.*)

**Bodach**

Dè tha seo? Nighean bheag air a ceangal ri cloich? Cò idir a rinn seo ort, a chreutair bhochd? (*a' toirt a-mach sgian agus a' gearradh an ròpa*)

**Moilidh**

Mile taing. Nach mi tha fortanach gun tainig sibh.

Tha e an uair sin a' toirt a-mach flasg agus a' toirt tì dhan dithis aca. Tha MOILIDH a' toirt a-mach a' bhonnaich agus a' toirt an dàrna leth dheth dhan BHODACH. Tha i a' cur an leth eile air ais na pòcaid.

**Bodach**

Nach eil an t-acras ort fhèin?

**Moilidh**

Tha, ach thug mo mhàthair am bonnach dhomh le beannachd agus bu mhath leam a chumail greis eile.

**Bodach**

Uill. Bha mi am beachd a dhol an rathad eile an-diugh, ach an uair sin ghabh mi nòisean air choreigin tighinn an taobh seo.  
'S dòcha gur e beannachd do mhàthar a chuir am beachd nam cheann...

**Moilidh**

(*a' dèanamh gàire*) 'S dòcha gur e. (*ag òl na teatha*)

Bu chòir dhomh a dhol a lorg mo pheathraichean.

# Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

**Bodach** Gura math a thèid leat, a Mhoilidh. Thoir leat seo, (*a' toirt sgian bheag dhi*) agus ma dh'fheuchas iad an aon rud ort a-rithist, gheibh thu air falbh.

**Moilidh** Mòran taing. (*a' smeideadh ris a' BHODACH*) Slàn leibh

---

### SEALLADH 3 – AIR AN RATHAD AIG BEUL NA H-OIDHCHE

**Sgeulaiche** Thog Moilidh oirre suas an rathad. Mu bheul na h-oidhche lorg i a peathraighean 's iad nan suidhe ri taobh an rathaid ag argamaid ri chèile.

**Cairistiona** (*air a clisgeadh*) Seall! Cò às an tainig ise?

**Sine** A Mhoilidh! Bha sinn dìreach a' dol a thilleadh gad iarraidh!

**Moilidh** (*a' dèanamh gàire riutha*) Uill shàbhail mi beagan ùine dhuibh ma-thà.

(*a' dèanamh teatha dhaibh agus iad a' dol nan laighe*)

---

### SEALLADH 4 – AN-ATH-MHADAINN

(*Às dèidh dhaibh dùsgadh, an ceann greis tòisichidh SÌNE 's CAIRISTÒNA a' gearan*

**Moilidh** Dè tha ceàrr oirbh?

**Mar a chuala mise e**

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

**Sìne**

Chan eil bracaist againn.

**Moilidh**

Càit a bheil na bonnaich agaibh?

**Cairistiona**

(*a' toirt sùil air MOILIDH*) Dh'ith sinn iad a-raoir.

**Moilidh**

Ò.

**Sìne**

Nach do dh'ith thusa am fear agadsa?

**Moilidh**

Dh'ith. (*a' bruidhinn ris an luchd-èisteachd*) Ma chanas mi riutha nach do dh'ith, ithidh iad sin cuideachd agus cha bhi sòn agamsa idir.

(*a' togail orra a-rithist*)

(*a' stad pìos air falbh bho MHOILIDH, tòisichidh SÌNE is CAIRISTÒONA a' cagarsaich ri chèile a-rithist*)

**Sìne**

Saoil ciamar a fhuair i air falbh?

**Cairistiona**

Cò aig a tha fios? Chan fhaigh an-ath-turas.

(*Tha CAIRISTÒONA 's SÌNE a' leum air MOILIDH agus ga ceangal ri cruach-mhònach.*)

**Sìne**

Nise, a Mhoilidh, fan thusa an sin. Tillidh sinn gad iarraidh feasgar.

**Sgeulaiche**

Thog Sìne is Cairistiona orra, ach cho luath 's a dh'fhalbh iad, gheàrr Moilidh an ròpa a bha ga ceangal leis a' sgithinn 's thog i oirre a lorg a peathraighean.

# Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

(*Tha SÌNE 's CAIRISTÌONA nan suidhe ri taobh an rathaid 's iad a' trod 's a' gearan.*

*Nuair a chì iad MOILIDH, cha chan iad guth. Tha drèin ri fhaicinn air aodann SÌNE agus tha bilean CAIRISTÌONA a' dol nan loidhne theann.)*

### **Sgeulaiche**

Nuair a chaidh iad a laighe an oidhche sin, dh'fhuirich Sìne is Cairistìona gus an robh Moilidh na cadal agus an uair sin choimhead iad na pòcaid. Cha do lorg iad am bonnach, oir bha Moilidh na laighe air a taobh agus bha am bonnach anns a' phòcaid a bha fòidhpe, ach lorg iad sgian agus thug iad air falbh i.

### **Sìne**

Sin mar a fhuair i air falbh. (*a' cur na sgeine na pòcaid fhèin*)

Peasan beag. Cuiridh mi a' chlach bheag seo na pòcaid an àite na sgeine gus nach mothainch i.

### **Cairistìona**

(*le gàire*) Chì sinn an tèid aice air an ròpa a ghearradh le sin.

### **Sgeulaiche**

Làrna-mhàireach, thog iad orra a-rithist agus thàinig iad gu coille. Leum Sìne is Cairistìona air Moilidh agus cheangail iad ri craobh i. Dh'fhàg iad ann a shin i agus thog iad orra sìos an rathad. Dh'fhan Moilidh gus nach fhaiceadh i iad tuilleadh agus an uair sin chuir i a làmh na pòcaid.

### **Moilidh**

(*a' crathadh a cinn, rithe fhèin*) Nach sibh a tha seòlta, a pheathraighean.

Uill, dh'fhàg iad sin agam co-dhiù.

## **Mar a chuala mise e**

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

**Sgeulaiche**

Cha robh an còrr ann a dhèanadh Moilidh agus mar sin shuidh i far an robh i. Shuidh i cho socair agus gun do dh'fhàs na beathaichean agus na h-eòin agus na biastagan beaga cleachdte rithe. Thàinig iad (*clann le èideadh bheathaichean orra*) na b' fhaisge air Moilidh agus choimhead iad oirre le sùilean diùid.

**Moilidh**

Seo dhuibh. (*Tòisichidh i a' caitheamh chriomagan dhen bhonnach air an talamh.*)

**Sgeulaiche**

Dh'ith na beathaichean is na biastagan is na h-eòin na criomagan agus an uair sin thàinig iad far an robh Moilidh agus thòisich iad a' cagnadh an ròpa a bha ga ceangal. Cha b' fhada gus an robh an ròpa air a ghearradh.

**Moilidh**

Ò, tapadh leibh. Tapadh leibh gu dearbh.

**Sgeulaiche**

Chaith Moilidh criomagan air an talamh gu na beathaichean agus an uair sin thog i oirre suas an rathad. Mu bheul na h-oidhche rèinig i an t-àite san robh a peathraighean.

(*Chithear na peathraighean nan laighe air an talamh 's iad a' caoidh 's a' caoineadh leis an acras.*)

**Sìne**

(*a' faicinn MOILIDH*) Ciamar idir a fhuair thu air falbh an turas seo?

**Moilidh**

Beannachd mo mhàthar. Dhòn sin bho dhroch rùn mo pheathraighean mi.

**Sìne**

Tud. Bha sinn a' dol a thilleadh gad iarraidh.

## Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

**Cairistìona**

An dìon beannachd ar màthar on acras sinn? Mus bàsaich sinn?

**Moilidh**

Ma gheallas sibh, nach fheuch sibh cleasan mar sin a-rithist, nì mise biadh dhuibh. Agus cha leig sibh leas a ràdh gun robh sibh a' dol a thilleadh gam iarraidh. 'S e breug a tha sin.

(*Tha na peathraighean a' fuireach sàmhach airson diog.*)

**Sìne**

Chan fheuch.

**Cairistìona**

Ar gealladh dhut. Tha mi duilich, a Mhoilidh.

**Sìne**

'S i Cairistìona a thug orm a dhèanamh co-dhiù. Cha robh mise ag iaraidh d' fhàgail ri taobb an rathaid mar siud.

**Cairistìona**

Na breugan! Cha b' e na mise! Thusa a bh' ann!

**Sgeulaiche**

Roinn Moilidh na bh' air fhàgail dhen bhonnach eatarra agus dh'fhàg i iad ag argamaid fhad 's a chaidh i fhèin a lorg biadh. Cha robh i air a dhol fad' sam bith nuair a chunnaic i ceò ag èirigh à similear mu mhile air falbh.

**Moilidh**

(*ag èigheachd*) A Shìne! A Chairistìona! Thugnaibh! Tha mi a' faicinn taigh! Gheibh sinn biadh ceart a-nochd, agus leabaidh anns an caidil sinn!

(*Chithear na peathraighean a' coiseachd a dh'ionnsaigh an taighe.*)

**Sgeulaiche**

Thug an naidheachd sin spionnadhl ùr do Shìne is do Chairistìona. An ceann cairteal na h-uarach bha an triùir aca nan seasamh air an staran taobh a-muigh an taighe. Dh'fhosgail an doras agus choimhead boireannach a-mach.

## Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

<b>Bean an fhuamhaire</b>	Mach a-seo, a chlann-nighean. Gabhaibh dhachaigh. Chan e àite a tha seo dur leithid.
<b>Sìne</b>	Gabhaibh ar leisgeul, ach tha sinn gus ar tolladh leis an acras.
<b>Cairistìона</b>	Cha robh grèim againn ri ithe, o chionn trì latha.
<b>Bean an fhuamhaire</b>	( <i>a' leigeil osna agus a' fosgladh an dorais</i> )
	Thigibh a-steach, ma-thà, agus gabhaibh rud ri ithe. Ach an uair sin feumaidh sibh falbh. 'S e fuamhaire a th' anns an duine agam agus dh'itheadh e triùir nighean òga mar a tha sibhse nam faigheadh e grèim oirbh.
<b>Sgeulaiche</b>	Chaidh iad a-steach agus shuidh iad aig a' bhòrd agus thug bean an fhuamhaire dhaibh bobhla brot agus pìos arain an urra. Dh'innс i dhaibh gun do ghoid am fuamhaire i bho thaigh a h-athar airson coimhead às dèidh a thriùir nighean. Bha iadsan a-muigh còmhla rin athair.
<b>Bean an fhuamhaire</b>	'S e an fhìrinn a th' agam. Tha sibh ann am fior chunnart. Tha iomadach bliadhna ann bhon a ghoid am fuamhaire mi bho thaigh m' athar airson coimhead às dèidh a thriùir nighean. Tha iadsan a-muigh còmhla ris an-dràsta. Chan eil mi airson gun tachair an aon rud dhuibhse cuideachd.

*Èiridh MOILIDH agus tòisichidh i a' bruidhinn ri a PEATHRAICHEAN*

## Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

<b>Moilidh</b>	Tha an tìde againn falbh mus till am fuamhaire.
<b>Sìne</b>	Ò, tha mi cho sgith.
<b>Cairistìona</b>	Agus tha an taigh cho blàth.
<b>Sìne</b>	Còig mionaidean eile.
<b>Bean an fhuamhaire</b>	Chan fhaigh na còig mionaidean. 'S fheàrr dhuibh falbh an-dràsta fhèin.
<b>Moilidh</b>	Thugnaibh.
<b>Sgeulaiche</b>	Ach ge brith dè chanadh i fhèin no bean an fhuamhaire, chan èisteadh Sìne no Cairistìona.
<b>Bean an fhuamhaire</b>	Obh, obh. Tha sibh ro fhadalach a-nis. Tha an duine agam a' tighinn. Tha mi ga chluinntinn.
<i>(Cluinnear ceumannan mòra uabhasach a' tighinn suas an staran agus an duine as mothà agus as gràinde a chunnaic iad a-riamh a' tighinn a-steach le fiadh marbh na làmhan. Air a chùlaibh chithear triùir nighean 's iadsan fiù 's na bu ghràinde na an athair. Tha eala mharbh aig gach tè aca na làmhan agus tha na h-aparain aca làn fala. Às deidh MOILIDH 's a PEATHRAICHEAN fhaicinn, tha iad a' stad cho luath 's nach mòr nach do sheas iad air a cheile.</i>	
<b>Fuamhaire</b>	Dè a-nis a tha seo?
<b>Bean an fhuamhaire</b>	Clann-nighean bhochd, acrach. Tha iad dìreach a' falbh. Cha tug

## Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

mi dhaibh biadh no sòn eile.

**Sìne**

Thug! Thug sibh...

**Moilidh**

(*a' briseadh a-steach air SÌNE*) Cha tug! Tha sin ceart. Agus mar sin togaidh sinn oirnn a dh'àite eile anns a' bhad. Latha math dhuibh uile. (*a' slaodadh SÌNE agus CAIRISTÌONA chun an dorais.*)

**Fuamhaire**

Tha mi duilich gun robh a' bhean agam cho mì-fhialaidh. Ach cuiridh sinn sin ceart. Seallaibh na thug sinn dhachaigh de bhiadh. Nach shuirich sibh, a chlann-nighean, airson grèim a ghabhail còmhla rinn?

Chithear MOILIDH a' faicinn tè dhe na h-ìghnean a' priobadh ri peathraichean.

---

## SEALLADH – AN DINNEAR

**Fuamhaire**

Bheir mi dhuibh preusant cuideachd. (*a' toirt dhaibh sreang ghriogagan an urra*)

Cuiribh oirbh iad, a chlann-nighean.

**Sìne**

Nach iad a tha brèagha.

**Cairistiona**

Tha, nach eil. Tha sibh cho còir.

(*Tha MOILIDH a' toirt an aire gu bheil tè de nigheanan an fhuaamhaire a' priobadh ri peathraichean a-rithist nuair a chuireas iad orra iad.*)

## Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

## **Moilidh**

(*a' faighneachd dhi fhèin*) Saoil dè tha fa-near dhaibh?

## **Sgeulaiche**

Nuair a chaidh iad a laighe an oidhche sin, chaidil Moilidh, Sìne is Cairistìona anns an aon leabaidh ri nigheanan an fhuamhaire. Dh'fhuirich Moilidh gus an robh a' chlann-nighean eile uile nan cadal agus thug i na grìogagan aig Sìne is Cairistìona agus aice fhèin dhiubh agus chuir i air nigheanan an fhuamhaire iad. An uair sin dhùin i a sùilean agus chuir i an ìre gun robh i na cadal. Mar sin, bha Moilidh fhathast na dùisg nuair a dh'èalaidh am fuamhaire a-nall far an robh iad le maide agus a thòisich e a' sporphail san leabaidh gus an lorgadh e a' chlann-nighean air an robh na grìogagan mun amhaich, agus bhuaileadh e an nighean sin air a ceann leis a' mhaide. Nuair a bha e air na trì sreangan ghrìogagan a lorg agus na trì cinn a bhualadh, chaidh e air ais don leabaidh.

Bha Moilidh bhochd air chrith le eagal agus uabhas, ach dh'fhuirich i gus an cluinneadh i srann an fhuamhaire a-rithist agus an uair sin dhùisg i Sìne 's Cairistìona. Dh'innse i dhaibh ann an cagair mar a thachair agus, airson a' chiad uair riamh, dh'èist iad rithe agus rinn iad mar a dh'iarr i orra. Dh'èirich iad agus dh'èalaidh iad a-mach às an taigh air an corra-biod. Nuair a dhùin an doras às an dèidh, thug iad an casan leotha agus cha do stad iad gus an robh iad còrr is mìle air falbh. Chùm iad orra a' coiseachd fad na h-oidhche sin agus mun àm a għlasaich an latha air faire, chitheadh iad gun robh caisteal mòr, brèagħa air faire.

---

## **SEALLADH – CAISTEAL MÒR**

*(Chithear MOILIDH a' gnogadh air doras a' chaisteil agus searbhannt)*

## **Mar a chuala mise e**

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

*gan leigeil a-steach.)*

### **Sgeulaiche**

Dh'innse iad dha na searbhanntan mar a thachair dhaibh agus thug na searbhanntan iad far an robh an rìgh agus a' bhanrigh agus thug iad orra an sgeulachd innse dhaibhsan cuideachd.

### **Rìgh**

Uill, uill, a Mhoilidh Chalma. Cha do rinn duine eile riamh a' chùis air an fhuamhaire sin, ach rinn thusa. Nighean òg. Uill, uill.

### **Banrìgh**

Tha am fuamhaire air tòrr rudan prìseil a ghoid às a' chaisteal tro na bliadhnaichean. Saoil an rachadh tu air ais a dh'iarraidh nan rudan sin dhomh, a Mhoilidh? Bhithinn glè thaingeil. Dè nam pòsadh mo mhac as sine, Ailean, do phiuthar, Cairistìona, mar thaing dhut?

### **Cairistìona**

Ù-ù-ù-ù-ù! Siuthad, a Mhoilidh! Can gun tèid thu air ais.

### **Sgeulaiche**

Dh'aontaich Moilidh gun rachadh i air ais – chan ann gus am faigheadh Cairistìona air prionnsa a phòsadh ach on a bha a' bhanrigh a' coimhead cho brònach nuair a dh'innse i dhaibh mar a ghoid am fuamhaire cùr òir a màthar oirre.

### **Dòmhnaill**

'S e cùr sheunta a th' innte. Ni i falt an duine a chleachdas i cho làidir ri ròpa. Gabhaidh duine a cheangal le aona ghaisean fuit. 'S ann mar sin a bhios am fuamhaire a' ceangal nam beathaichean a ghoideas e.  
*(solas a' dol sios)*

## Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

(*solas ag èirigh air MOILIDH air ais ann an taigh an fhuamhaire*)

### **Sgeulaiche**

An oidhche sin, nuair a dh'fhàs i dorcha, dh'fhàg Moilidh an caisteal agus chaidh i air ais do thaigh an fhuamhaire. Chuala i srannan an fhuamhaire agus a mhnatha (*srannan rin cluinntinn*) agus mar sin chaidh i a-steach agus lorg i a' chìr air dreasair faisg air an leabaidh. Thionndaidh i airson falbh ach fhad 's a bha i a' dol a-mach, 's ann a bhreab i stòl agus a rinn i fuaim. (*Tha MOILIDH a' breabadh stòl*) Dhùisg am fuamhaire anns a' bhad agus thàinig e na dheann às a dèidh. Thèich Moilidh aig peilear a beatha gus an do ràinig i abhainn pìos on taigh. Chluinneadh i am fuamhaire beagan air a cùlaibh agus e a' sìor thighinn na b' fhaisge.

An toiseach cha robh fhios aig Moilidh dè dhèanadh i, ach an uair sin chuimhnich i air an rud a thuirt Dòmhnaill rithe. Chìr i a falt fhèin leis a' chìr agus dh'fhàs e cho làidir ri ròpa. Spìon i gaisean agus chaith i tarsainn air an abhainn e mar dhrochaid. Sheas i air a' ghaisean agus fhuair i gu taobh eile na h-aibhne aig an dearbh mhionaid 's a ràinig am fuamhaire an taobh thall. Dh'fheuch esan ri seasamh air a' ghaisean cuideachd, ach bha a chasan ro mhòr.

### **Fuamhaire**

Mo mhallaichd ort, a Mhoilidh Chalma. Ghoid thu a' chìr agam!

### **Moilidh**

Ghoid, ach cha b' ann leatsa a bha i.

## **Mar a chuala mise e**

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

Fuamhaire

Na till an taobh seo mus fhaigh mise grèim ort!

Sgeulaiche

Dh'fhalbh Moilidh air ais chun a' chaisteil agus thug i a' chìr don bhanrigh. Bha a' bhanrigh air leth toilichte agus thòisich i anns a' bhad a' cur rudan air dòigh gus am pòsadh Ailean agus Cairistiona.

## AN OIDHCHE RON BHANAIS

*Sgeulaiche*

An oidhche ron bhanais, thàinig Sìne far an robh Moilidh.

*Sìne*

Tha fhios a'm, a Mhoilidh, nach robh mi uabhasach laghach riut roimhe, agus tha mi duilich airson sin, oir 's e piuthar ghaolach a th' annad.

*Moilidh*

Tha sin ceart gu leòr. (*a' bruidhinn rithe fhèin*) Saoil dè tha i seo ag iaraidh?

*Sìne*

'S e an rud gu bheil mi fhìn agus Raghnall air tuiteam ann an gaol.

*Moilidh*

Mealaibh ur naidheachd.

*Sìne*

Tha an rìgh ag ràdh gum faod sinn pòsadh mas e agus gun toir sinn air ais an lampa airgid a ghoid am fuamhaire air an rìgh o chionn fhada. Thusa, tha mi a' ciallachadh. Ma bheir thusa air ais i.

*Moilidh*

Seadh. (*a' leigeil osna*) Ceart gu leòr, a Shìne. Chì sinn dè ghabhas dèanamh.

*Sìne*

'S e lampa sheunta a th' innte. Nì i solas don duine a thogas i ach

# Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

cha dèan do dhuine eile. 'S ann mar sin a bhios am fuamhaire a' goid bheathaichean san dorchadas.

### **Sgeulaiche**

An oidhche sin, nuair a dh'fhàs i dorcha, dh'fhàg Moilidh an caisteal agus chaidh i air ais do thaigh an fhuamhaire a-rithist. Nuair a chuala i gun robh srannan aig an fhuamaire agus a bhean, chaidh i a-steach agus lorg i an lampa air an dreasair. Thionndaidh i airson falbh, ach fhad 's a bha i a' dol a-mach, 's ann a dhùisg cù an fhuamhaire agus thòisich e a' comhartaich. Dhùisg am fuamhaire anns a' bhad agus thàinig e na dheann às a dèidh. Thèich Moilidh aig peilear a beatha gus an do ràinig i an abhainn a-rithist.

Le solas na lampa chaidh aice air an gaisean a lorg a-rithist agus air a dhol tarsainn.

Chan fhaiceadh am fuamhaire sìon oir cha robh an lampa a' dèanamh solas dhàsan.

### **Fuamhaire**

Mo mhallachd ort, a Mhoilidh Chalma. Ghoid thu an lampa agam!

### **Moilidh**

Ghoid, ach cha b' ann leatsa a bha i.

### **Fuamhaire**

Na till an taobh seo mus fhaigh mise grèim ort!

### **Sgeulaiche**

Chaidh Moilidh air ais chun a' chaisteil agus bha an rìgh glan air a dhòigh nuair a chunnaic e an lampa. Chaidh banais Cairistìona is Raghnaill agus banais Sìne is Ailein a chumail an latha sin fhèin. Aig deireadh na h-oidhche thàinig an rìgh agus a' bhanrigh far an robh Moilidh.

## **Mar a chuala mise e**

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

**Rìgh**

Tha sinn fada nad chomain, a Mhoilidh. Agus tha sinn air fas gu math measail ort.

**Banrìgh**

Tha agus Dòmhnaill. Bu mhath leis do phòsadh.

**Moilidh**

Ò. (*Tha na busan aice a' fas dearg*). Chòrdadh sin rium.

**Rìgh**

'S e an aon rud gu bheil Dòmhnaill fo gheasaibh. Chan fhaod e pòsadh ach le fainne òir a ghoid...

**Moilidh**

Na inns dhomh. Am fuamhaire? (*ag osnaich*) Uill, chì sinn dè ghabhas dèanamh...

**Banrìgh**

'S e fainne sheunta a th' innte. Chan fhaod ach tè chalma le cridhe glan a cosg. Tha cridhe glan agadsa, a Mhoilidh. Agus cha do thachair mi riamh ri tè cho calma.

(*Fàsaidh busan MOILIDH nas deirge buileach*)

**Sgeulaiche**

An ath oidhche, nuair a dh'fhàs i dorcha, dh'fhàg Moilidh an caisteal agus chaidh i air ais do thaigh an fhuamhaire aon uair eile. Cha chuala i srannan no fuaim sam bith agus shaoil i nach robh am fuamhaire no a bhean a-staigh. Chaidh i a-steach agus lorg i an fhàinne air an dreasair. Thionndaidh i airson falbh ach bha am fuamhaire a' feitheamh air cùl an dorais agus leum e air Moilidh agus chuir e ann am poca i.

**Fuamhaire**

Seadh, a Mhoilidh Chalma. Tha thu agam a-nis. (*ag èigheachd air a bhean*) A Mhòrag? A Mhòrag? Dè nì mi ris a' pheasan bheag seo?

## Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

**Bean an fhuamhaire** (*a' rànaich*) Chan eil fhios a'm.

**Moilidh** Innsidh mise dhut dè dhèanainn fhèin nam bithinn nad àite. Chrochainn am poca seo air a' bhalla agus rachainn a-mach a dh'iarraidh slat bho chridhe na coille. Thillinn leis an t-slait agus bhuailinn am poca gus am biodh Moilidh Chalma marbh.

**Fuamhaire** Deagh bheachd!  
*(Chithear am fuamhaire a' crochadh a' phoca air a' bhalla agus a' togail air a-mach às an taigh a dh'iarraidh slat.)*

**Moilidh** Greas ort! Sguir a rànaich! Leig às mi mus till am fuamhaire agus teichidh sinn còmhla.

*(Chithear bean an fhuamhaire a' leigeil MOILIDH às a' phoca.)*

**Moilidh** Lìonaидh sinn e le mòine agus crochaidh sinn e air a' bhalla a-rithist.

**Sgeulaiche** Ruith iad a-mach às an taigh chun na h-aibhne agus chaidh iad tarsainn. An uair sin gheàrr Moilidh an gaisean agus thuit e don uisge. Nuair a ràinig am fuamhaire an taigh a-rithist leis an t-slait, thòisich e a' bualadh a' phoca.

**Fuamhaire** (*ag èigheachd*) Gabh sin! Bheir mise ort! Seallaidh mise dhut, a Mhoilidh Chalma!

## Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

## **Sgeulaiche**

Mun àm a thàinig e a-staigh air nach robh am poca a' dèanamh fuaim sam bith agus a thug e a-nuas e, bha Moilidh agus a bhean air ais aig a' chaisteal.

*(Chithear MOLIDH agus DÒMHNALL còmhla.)*

## **Sgeulaiche**

Phòs Moilidh is Dòmhnnall agus bha iad sona còmhla airson a' chòrr dhem beatha. Thug an rìgh obair do bhean an fhuamhaire mar chòcaire. Thàinig màthair Moilidh a choimhead às dèidh na cloinne. Bha Cairistìona agus Síne a cheart cho leisg agus cho crosta agus cho faoin 's a bha iad riamh.

## **A' CHRÌOCH**

---

**Mar a chuala mise e**

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>